

1. Na Seumasaich | The Jacobites

Coimhead  - www.youtube.com/watch?v=qXhI89dRloE&t=16s

Coimhead air a' bhidio seo den chòmhlán-chiùil **Dàimh** a' gabhail **Òran Eile don Phrionnsa le Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair**. Chì sibh faclan an òrain an seo:

♪ *Thug ò, laithill ò ho-ro
Thug ò ro an aill leibh
Thug ò, laithill ò ho-ro
Seinn ò-ho-ro an àill leibh.*

*Moch sa mhadainn 's mi dùsgadh
'S mòr mo shunnd 's mo cheòl-gàire
On a chuala mi 'm Prionnsa
Thighinn do dhùthaich Chlann Raghnaill.*

*On a chuala mi 'm Prionnsa
Thighinn do dhùthaich Chlann Raghnaill
Gràinne mullaich gach rìgh thu
Slàn gun till thusa, Theàrlaich.*

*Gràinne mullaich gach rìgh thu
Slàn gun till thusa, Theàrlaich
'S ann tha 'n fhìor-fhuil gun truailleadh
Anns a ghruaidh is mòr-nàire.*

*'S ann tha 'n fhìor-fhuil gun truailleadh
Anns a' ghruaidh is mòr-nàire.
Mar ri barrachd na h-uaisle
'G èirigh suas le deagh-nàdar.*

*Mar ri barrachd na h-uaisle
'G èirigh suas le deagh-nàdar.
Is nan tigeadh tu a-rithist
Bhiodh gach tighearna nan àite.*

*Is nan càraicht an crùn ort
Bu mhùirneach do chàirdean;
Bhiodh Loch Iall mar bu chòir dha,
Cur an òrdugh nan Gàidheal. ♪*

♪ *Thug ò, laithill ò ho-ro
Thug ò ro an aill leibh
Thug ò, laithill ò ho-ro
Sing ò-ho-ro an àill leibh.*

*Early as I awaken
Great my joy, loud my laughter
Since I heard that the Prince
Comes to the land of Clanranald*

*Since I heard that the Prince
Comes to the land of Clanranald
Thou art the choicest of all rulers
Here's to your healthy return, Charles.*

*Thou art the choicest of all rulers
Here's to your healthy return, Charles.
The royal blood unmingled
In his visage and great modesty*

*The royal blood unmingled
In his visage and great modesty
With nobility overflowing
And endowed with all good nature*


*With nobility overflowing
And endowed with all good nature
And shouldst thou return ever
At his post would be each laird.*

*And if the crown were placed upon you
Joyful would your friends be
And Lochiel, as he ought,
Would be drawing up the Gaels. ♪*

Èist  - www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-24-eachdraidh-history

Cluinnidh tu tionndadh eile den òran seo aig **An Urr. Uilleam MacMhathain** air **Tobar an Dualchais**, le beagan fiosrachaidh às dèidh an òrain.

2. Na b' àbhaist a bhith ann | What used to be

Sgrìobh  na seantansan seo a-rithist a' cleachdadh nan gnìomhairean anns an tràth chaithte ghnàthach.

1. B' àbhaist dhuinn Gàidhlig **a bhruidhinn** ris na tidsearan againn gach madainn.


2. B' àbhaist dha teaghaichean **fuireach** anns an aon taigh.

3. Nach b' àbhaist dhut biadh **a cheannach** ann am bùth beag ionadail?

4. Am b' àbhaist dhaibh tì **òil** gu h-anmoch air an oidhche?

5. B' àbhaist dhomh **coimhead** air an rugbaidh as t-earrach.

3. An Dà Chogadh Mhòr | The Two Great Wars

Leugh  - www.storlann.co.uk/iolaire Tha làrach-lìn aig **Stòrlann** far a bheil tòrr fiosrachaidh mu Chall na h-Iolaire. Feuch gum freagair thu na ceistean an seo:

1. Dè an t-ainm a th' air na sgeirean ris an do bhuail HMY Iolaire agus càit a bheil iad?

2. Cia mheud maraiche a chaill am beatha anns an tubaist agus cia mheud a bha air bòrd a' bhàta uile gu lèir?

3. Dè a' bhuaidh a bh' aig an tubaist seo air coimhearsnachdan nan eilean?

4. Dè an t-ainm a bh' air a' ghaisgeach a rinn cobhair air na maraichean?

5. Às dèidh na tubaist, dh'fheuch a' choimhearsnachd ri gach corp a lorg air a' chladach, ach an deach gach corp a lorg?

4. Dìneasaran an Eilein | Skye's Dinosaurs

Leugh 📖 - www.bbc.co.uk/naidheachdan/60478467

Chaidh am fosail pterosaur as motha riamh bhon Linn Diùrasach fhaighinn san Eilean Sgitheanach 's chaidh ainm Gàidhlig a thoirt air - Dearc Sgitheanach.

Tha an cnàmhlach a chaidh fhaighinn ann an 2017 le Comann Nàiseanta a' Chruinn-eòlais ann an staid fìor mhath - chithear gu follaiseach na fiaclan aige mar ràsar 'son a bhith a' gearradh agus ag ithe.

Bhiodh sgiathan 2.5m air a' chreutair agus bha iad beò mu 170 millean bliadhna air ais.

Tha e a-nise ann an Taigh-Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba far an tèid barrachd rannsachaidh a dhèanamh air le luchd-saidheans bhon taigh-tasgaidh fhèin, is cuideachd bho Oilthigh Dhùn Èideann, Oilthigh Chill Rìmhinn, Taigh-Tasgaidh Stafainn, agus Taigh-tasgaidh an Hunterian ann an Glaschu.

A' sgrìobhadh anns an iris Current Biology thuirt oileanach PhD aig Oilthigh Dhùn Èideann, Natalia Jagielska, gu bheil an dearc a' sealltainn gu bheil pailleon-eòlas na rud a tha daonnan iongantach.

"S ann ainneamh a chithear pterosaur ann an staid cho math seo 's mar as trice 's ann ann am Braisil no Sìona a thathas gan lorg. Ach 's ann air cladach an Alba a fhuaradh am fear seo", thuirt i.

'S ann aig Rubha nam Bràithrean a chaidh an dearc a lorg agus Amelia Penny a' faicinn peirceall a' tighinn a-mach às a' chloich-aoil.

Le Dùghall Ros bho Thaigh-Tasgaidh Stafainn os cionn chùisean, fhuair iad air an pterosaur a thoirt às a' chreig le a bhith a' cleachdadh sàbh-daoimean 's cabhag orra seo a dhèanamh mus tigeadh an làn a-steach.

Bidh luchd-saidheans a-nise a' coimhead air mar a dheigheadh aig an dearc a bhith a' sgèith 's ciamar a bha e beò.


A rèir luchd-saidheans bhiodh na creutairean seo a' fàs cho mòr ri itealan cogaidh a chithear an-diugh, mus deach iad à bith.

Sgrìobh ✎ - Freagair na ceistean seo:

1. Dè chithear air a' chnàmhlach a chaidh fhaighinn ann an 2017?

2. Càit a bheil cnàmhlachan pterosaur gan lorg mar is trice?

3. Carson a bha cabhag orra am pterosaur a thoirt às a' chreig?

Coimhead  air a' phrògram-telebhisein seo: www.bbc.co.uk/programmes/pof8nr8j
Faodaidh tu an tar-sgrìobhadh seo a leughadh aig an aon àm:

Neach-aithris: *Aig cridhe na sgeòil air mar a thàinig làraichean Diùrasaich gu ar n-aire, tha Dougie Ros à Stafainn. Bha ùidh mhòr aigesan ann am fosailean o bha e na bhalach agus tha e a cheart cho measail orra an-diugh. Aig a' Chorrann chaidh an làrach fosail seo fhàgail na àite gun bhuntainn dha. Tha e a' tarraing mòran luchd-turais dhan sgìre.*

Dùghall: *'S e cuideiginich a bha a' coiseachd leis a' chù aice agus mhothaich i do dh'aon lorg air chlach. Dh'aithnich i gur e lorg a bh' ann, agus chuir i an uair sin fios oirnn agus thàinig sinn a-nuas agus bha... fhuair sinn ochd-deug eile air a' chreig. Bha sreath follaiseach an a sheo an t-àm a chunnaic sinn an toiseach iad o chionn timcheall air fichead bliadhna air ais. Bha measgachadh de mheudachd ann am feadhainn dhiubh agus bha sin ri sealltainn gur e... 's dòcha gun robh teaghlach de dhìneasaran timcheall a seo.*

Tha sinn a' smaoinichadh, is dòcha gun robh iad a' sealg ri èisg air am fàgail air a' chladach nam biodh an tràigh a' dol a-mach... turtles is rudan mar sin. Tha mi a' creidsinn gun robh iad a' sealg nam beòthaichean a bha sin.

Seo agad fear dhe na lorgan as follaisiche agus chì sinn leis a' chumadh aige... ma tha sinn a' faicinn trì òrdagan mòra geur, tha sin a' ciallachadh gur e feòil-itheadair a bh' ann. Tha an luchd-eòlaich ag ràdh gur e... nach eil e air fàs buileach gu ìre. Bhiodh meagalos..., bhiodh làrach a' Mheagalosaur dìreach beagan na bu mhotha na sin.

Bha mòran de mheagalosaurs a' fuireach an a sheo aig àm 'middle' Diùrasaich. Tha sinn a' faicinn na làraichean aca anns gach àite, fiù 's na ceudan dhiubh aig diofar mheudachd, fiù 's an t-àl aca, agus..., feumaidh gur e dìreach àite uabhasach freagarrach a bha seo dhaibh aig an àm a bha sin.

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo:

1. Cuin agus ciamar a chaidh na fosailean a lorg san àite seo an toiseach?

2. Dè bha na dìneasaran a' dèanamh air a' chladach am beachd Dhùghaill?

3. Ciamar a bha fios aig Dùghall gur e feòil-itheadair a bh' anns an fhosail sin?

4. Carson a bha mòran de mheagalosauran a' fuireach san Eilean Sgitheanach?

5. Màiri Mhòr nan Òran | Big Mary of the Songs

Eilean a' Cheò | The Misty Isle

*Ged tha mo cheann air liathadh
Le deuchainnean is bròn,
Is grian mo leth cheud bliadhna
A' dol sìos fo na neòil,
Tha m' aigne air a lìonadh
Le iarrtas ro mhòr
Gum faicinn Eilean Sgiathach
Nan siantannan 's a' Cheò.*

*Tha còrr 's dà fhichead bliadhna
Bhon thriall mi às dham dheòin,
'S a chuir mi sìos mo lion
Am meadhan baile mòir;
Is ged a fhuair mi iasgair
A lìon mo thaigh le stòr,
Cha do dhìochuimhnich mi riamh
Eilean Sgitheanach a' Cheò.*

*Nuair chuimhnicheam an Cuilitheann
'S a thulchann ris na neòil,
Glàmaig is Beinn Bhuirbh,
Eilean Thuilm is Leac an Stòrr,
Gun ruiginn Rubha Hùinis,
Gach cnoc is cùil is fròg,
'S an taobh eile sealladh aoibhneach
De Mhaighdeannan MhicLeòid.*

*An tìr san robh na fiùrain
'S gach cùis a sheas an còir,
Bha smior is neart nan dùirn,
'S cha b' e 'n sùgradh tighinn nan còir;
'S on rinneadh dhuinn an cunntas,
Gu onair, cliù is glòir,
Na dh'èirich fon a' Chrùn diubh
À Eilean cùbhr' a' Cheò.*

*Ma thèid mi dhuibh ga innse,
Cha mhearachd brìgh mo sgeòil,
Oir tha e air a sgrìobhadh
Dhan linn sa bheil sinn beò:
Bha còrr agus deich mìle
Fon Rìgh a ghabh an t-òr
Gu onair 's dìon ar rìoghachd
À Eilean grinn a' Cheò.*

*Chan eil mi dol a dhìteadh
Aon tìr tha fo na neòil,
Ach 's nàdarrach gun innsinn
Mun tìr san robh mi òg;
Measg nam pìobairean a b'fheàrr
A chuir gaoth am màl gu ceòl,
Chaidh ceud is fichead àrach dhiubh
An Eilean àrd a' Cheò.*

*Cò nach tugadh gnùis
Agus cliù sna h-uile dòigh
Do luchd nam breacan dùbh-ghorm,
Nan lùirichean 's nan sròl?
Oir cha robh leud a ghrund
Air a chunntas san Roinn Eòrp'
Thog uiread riamh a dhiùlnaich
Ri Eilean cùbhr' a' Cheò.*

*Cuir mo shoraidh bhàrr nan cuantan
Gu Eilean uain' a' Cheò,
Far am bi na fleasgaich uasal
A' ruagadh damh nan cròc;
'S na mnathan-taighe guanach
A' dèanamh uaill nan clò,
'S gur tric a ghabh mi duanag
Ga luadh anns a' Ghleann Mhòr.*

Nuair thigeadh tùs an t-samhraidh,
Cha ghanntar a bhiodh oirnn;
Bhiodh pailteas bìdh is annlain
Anns a' ghleann san robh na seòid;
Bhiodh gruagaichean air àirigh,
'S an crodh len àl mun chrò,
'S a' dèanamh ime 's càise,
An Eilean àrd a' Cheò.

Nuair thigeadh tùs a' Mhàigh,
Biodh gach iasgair 's ràmh na dhòrn,
'S na bàtaichean nam mìltean
Ann an Loch Phort Rìgh fon seòid;
Dol suas gu bun Loch Aoidhneart,
'S gach sonn a' seinn a' cheòil
A rinn na bàird bu shaidhbhir
A bha 'm beanntannan a' Cheò.

Nuair thigeadh an Fhèill Màrtainn,
'S an sprèidh 's am bàrr air dòigh,
Na fir a' dèanamh cainnteig,
'S na plataichean nan tòrr;
Ri taobh na brìg bhuntàta
Bhiodh baraill' làn de dh'fheòil –
Siud mar chaidh ar n-àrach
Ann an Eilean àrd a' Cheò.

Ach cò aig a bheil cluasan,
No crìdh' tha gluasad beò,
Nach seinneadh leam an duan seo
Mun truaigh' a thàinig oirnn?
Na mìltean a chaidh fhuadach,
A' toirt uath' an cuid 's an còir,
A' smaointinn thar nan cuantan
Gu Eilean uain' a' Cheò.

Ach cuimhnichibh gur sluagh sibh,
Is cumaibh suas ur còir;
Tha beairteas fo na cruachan
Fon d' fhuair sibh àrach òg;

Tha iarann agus gual ann,
Is luaidhe ghlas is òr,
'S tha mèinnean gu ur buannachd
An Eilean uain' a' Cheò.

Cuimhnichibh ur cruadal,
Is cumaibh suas ur srò;
Gun tèid an roth mun cuairt duibh
Le neart is cruas nan dòrn;
Gum bi ur crodh air bhualtean
'S gach tuathanach air dòigh,
'S na Sasannaich air fuadach
À Eilean uain' a' Cheò.

Canaibh leam an duan seo,
'S le suaimhneas seinnibh ceòl
Mun naidheachd nuadh a fhuair sinn
À Eilean uain' a' Cheò –
Gu Armadal nan stuagh
Gun tug Raghnaidh gruagach òg,
Nighean còirnealair cho ainmeil
'S a tha 'n-diugh a' falbh an fheòir.

Ach cuimhnich do chuid tuatha,
Is cùm do chluas rim feum,
'S bi thusa mar bu dual dut
Dhan t-sluagh a tha fod sgèith;
'S on thug thu 'n fhìor bhean-uasal
À Crombaigh ruadh an rèisg,
Biodh beannachd Dhè 's do shluaigh leat
Nad eilean buadh-mhor fèin.

Beannachd leibh, a chàirdean,
Anns gach ceàrn tha fo na neòil,
Gach mac is nighean màthar
An Eilean àrd a' Cheò;
Is cuimhnichidh sibh Màiri
Nuair bhios i cnàmh fon fhòid –
'S e na dh'fhuiling mi de thàmait
A thug mo bhàrdachd beò.

Òran Beinn Lì | Song of Ben Lì

Thugaibh taing dhan a' mhuintir
Tha fo riaghladh na Banrigh,
Rinn an lagh dhuinn cho dìongmhalt'
'S nach caill sinn Beinn Lì.

Cuiribh beannachd le aiteas
Gu tuathanaich Bhaltois
Bha air tùs anns a' bhatail,
'S nach do mheataich san strì.

Thugaibh beannachd gu 'Pàrnell'
Thug a' bhuaidh air 'An t-Sàtan',
Air chor 's nach faicear gu bràth e
Tighinn air àrainn na tìr.

Nuair thàinig e chiad uair
'S leth-cheud 'aingear' fo riaghladh,
Chuir e còignear an iarainn
Ann an crìochan Beinn Lì.

'S na diùlnaich a b' uaisle,
'S nach robh riamh ann an tuasaid,
Chaidh na ruighich a shuaineadh
Gu cruaidh air an dùirn.

Chaidh an giùlan leis 'na h-aingle'
'S an glasadh an gainntir;
'S a dh'aindeoin cumhachd an nàimhdean,
'S leo am fonn is Beinn Lì.

'S na mnathan bu shuairce
'S bu mhodhaile gluasad,
Chaidh an claiginn a spuaiceadh
Ann am bruachan Beinn Lì.

'S ged bha 'n sealladh na uabhas,
'S an fhuil a' reothadh san luachair
Le slacain nan truaghan,
Cha d' fhuair iad Beinn Lì.

Siud a' bheinn a tha dealbhach,
'S dhan a' Bhanrigh bha sealbhach,
'S chan eil beinn ann an Albainn
'N-diugh cho ainmeil 's Beinn Lì.

'S math an colaist' am prìosan –
'S fhad' o dh'aithnich mi fhìn sin –
Ach thig buaidh leis an fhìrinn
Dh'aindeoin innleachd nan daoì.

'S math an colaist' an Calton –
'S ceart a dh'fhoghlaim e 'm 'Martar',
Ged bha cuid thug às acaid
Leis an rachd bha nan crìdh'.

'S nis, a chroitèaran ionmhainn,
Cumaibh cuimhn' air MacAonghais,
'S dèanaibh sòlas ri iomradh
An duine shuilbheara, ghrinn.

'S ged a dh'fhàg e ar sràidean
Le bhanoglach bhàidheil,
Tha i son' ann a Bhàlaigh
Dol gu àirigh cruidh-laoigh.

'S i athchuing' is ùrnaigh
Gach bochd a bha dlùth dhi
Gum bi toradh an dùrachd
Na cùrsan a-chaidh.

Nuair Bha Mi Òg | When I Was Young

Moch 's mi 'g èirigh air bheagan èislein
Air madainn Chèitein 's mi ann an Òs,
Bha sprèidh a' geumnaich an ceann a chèile,
'S a' ghrian ag èirigh air Leac an Stòrr;
Bha gath a' boillsgeadh air slios nam beanntan,
Cur tuar na h-oidhche na dheann fo sgòd,
Is os mo chionn sheinn an uiseag ghreannmhor,
Toirt na mo chuimhne nuair bha mi òg.

Toirt na mo chuimhne le bròn is aoibhneas
Nach fhaigh mi cainnt gus a chur air dòigh
Gach car is tionndadh an corp 's an inntinn
Bhon dh'fhàg mi 'n gleann 'n robh na suinn gun ghò;
Bha sruth na h-aibhne dol sìos cho tàimhidh,
Is toirm nan allt freagairt cainnt mo bheòil,
'S an smeòrach bhinn suidhe seinn air meanglan,
Toirt na mo chuimhne nuair bha mi òg.

Nuair bha mi gòrach a' siubhal mòintich,
'S am fraoch a' stròiceadh mo chòta-bàn,
Feadh thoman còinnich gun snàthainn a bhrògan,
'S an eigh na còsan air lochan tàimh;
A' falbh an aonaich ag iarraidh chaorach
'S mi cheart cho aotrom ri naosg air lòn –
Gach bota 's poll agus talamh-toll
Toirt na mo chuimhne nuair bha mi òg.

Toirt na mo chuimhn' iomadh nì a rinn mi,
Nach faigh mi 'm bann gu ceann thall mo sgeòil –
A' falbh sa gheamhradh gu luaidh is bainnsean
Gun solas lainnteir ach ceann an fhòid;
Bhiodh òigridh ghreannmhor ri ceòl is dannsa,
Ach dh'fhalbh an t-àm sin 's tha 'n gleann fo bhròn;
Bha 'n tobht' aig Anndra 's e làn de dh'fheanntaig
Toirt na mo chuimhne nuair bha mi òg.

Nuair chuir mi cuairt air gach gleann is cruachan,
Far 'n robh mi suaimhneach a' cuallach bhò
Le òigridh ghuanach tha nis air fuadach,
De shliochd na tuath bha gun uaill gun ghò –
Na raoin 's na cluaintean fo fhraoch is luachair
Far 'n tric na bhuaineadh leam sguab is dlò,
'S nam faicinn sluagh agus taighean suas annt',
Gum fàsainn suaimhneach mar bha mi òg.

An uair a dh'ìrich mi gual' an t-Sìthein,
Gun leig mi sgìths dhìom air bruaich an lòn;
Bha buadhan m' inntinn a' triall le sìnteig,
Is sùil mo chinn faicinn loinn gach pòir;
Bha 'n t-sòbhrach mhìn-bhuidh' 's am beàrnan
-brìghde,
An cluaran rìoghail is lus an òir,
'S gach bileag aoibhneach fo bhraon na h-oidhche,
Toirt na mo chuimhne nuair bha mi òg.

Nuair chuir mi cùl ris an eilean chùbhraidh
'S a ghabh mi iùbhrach na smùid gun seòl,
Nuair shèid i 'n dùdach 's a shìn an ùspairt,
'S a thog i cùrsa o Thìr a' Cheò,
Mo chridhe brùite 's na deòir lem shùilean,
A' falbh gu dùthaich gun sùrd, gun cheòl,
Far nach faic mi cluaran no neòinean guanach
No fraoch no luachair air bruaich no lòn.

2 - Na b' àbhaist a bhith ann | What used to be

1. **Bhruidhneamaid** Gàidhlig ris na tidsearan againn gach madainn.
2. **Dh'fhuiricheadh** teaghlaichean anns an aon taigh.
3. **Nach ceannaicheadh** tu biadh ann am bùth beag ionadail?
4. **An òladh** iad tì gu h-anmoch air an oidhche?
5. **Choimheadainn** air an rugbaidh as t-earrach.

3 - An Dà Chogadh Mhòr | The Two Great Wars

1. Biastan Thuilm
2. Chaill 201 maraichean am beatha a-mach à 280 maraiche a bha air bòrd.
3. Thug an tubaist seo buaidh mhòr air coimhearsnachdan nan eilean agus dh'èirich còrr is 250 pàiste suas gun athair.
4. 'S e Iain Fionnlagh MacLeòid an t-ainm a bh' air a' ghaisgeach sin.
5. Cha deach. Cha deach gach corp a lorg a-riamh.

4 - Dìneasaran an Eilein | Skye's Dinosaurs

1. Chithear na fiacalan aige mar ràsar 'son a bhith a' gearradh agus ag ithe.
 2. 'S ann ann am Braisil no anns an t-Sìn a thathas gan lorg mar is trice.
 3. Bha cabhag orra an obair a dhèanamh mus tigeadh an làn a-steach.
-
1. Chaidh an lorg mu fhichead bliadhna air ais le tè a bha a' coiseachd leis a' chù aice.
 2. Bha iad a' sealg an èisg a bha air am fàgail air a' chladach.
 3. Bha e a' faicinn trì òrdagan mòra geur air an làraich.
 4. Feumaidh 's gur e àite uabhasach math a bh' ann dhaibh.